N5

Teisteanais
Nàiseanta
2025

X875/75/11 Nuadh-eòlas

DIHAOINE, 23 CÈITEAN
1:00 F – 3:20 F

Comharran gu lèir — 80

ROINN 1 — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt A **AGUS** Ceist 7 **NO** Pàirt B **AGUS** Ceist 7

Pàirt A	Deamocrasaidh ann an Alba	*duilleag 02*
Pàirt B	Deamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte	*duilleag 03*
Ceist 7		*duilleagan 05–07*

ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt C **AGUS** Ceist 14 **NO** Pàirt D **AGUS** Ceist 14

Pàirt C	Neo-ionannachd shòisealta	*duilleag 08*
Pàirt D	Eucoir agus an lagh	*duilleag 09*
Ceist 14		*duilleagan 10–11*

ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 28 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt E **AGUS** Ceist 21 **NO** Pàirt F **AGUS** Ceist 21

Pàirt E	Cumhachdan an t-saoghail	*duilleag 12*
Pàirt F	Cùisean an t-saoghail	*duilleag 13*
Ceist 21		*duilleagan 14–15*

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

SQA ©

ROINN 1 — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt A **AGUS** Ceist 7 **NO** Pàirt B **AGUS** Ceist 7

Pàirt A	Deamocrasaidh ann an Alba	*duilleag 02*
Pàirt B	Deamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte	*duilleag 03*
Ceist 7		*duilleagan 05–07*

PÀIRT A — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA

Nad fhreagairtean airson Ceistean 1, 2 agus 3, bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich ann an Alba bho chionn ghoirid.

Ceist 1

Bidh Buill Pàrlamaid na h-Alba (BPA) a' riochdachadh luchd-taghaidh na sgìre-bhòtaidh aca ann an grunn dhòighean.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhòigh sam bi Buill Pàrlamaid na h-Alba a' riochdachadh luchd-taghaidh na sgìre-bhòtaidh aca ann am Pàrlamaid na h-Alba. **4**

Ceist 2

Tha am Prìomh Mhinistear glè chumhachdach.

Mìnich **gu mionaideach dà** adhbhar carson a tha am Prìomh Mhinistear glè chumhachdach. **6**

Ceist 3

Tha mòran bhuannachdan agus eas-bhuannachdan an cois Siostam Bhall a Bharrachd (AMS).

Mìnich **gu mionaideach aon** bhuannachd **agus aon** eas-bhuannachd a tha an cois Siostam Bhall a Bharrachd. **6**

[Theirig a-nis gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 05*]

PÀIRT B — DEAMOCRASAIDH SAN RÌOGHACHD AONAICHTE

Nad fhreagairtean airson Ceistean 4, 5 agus 6, bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich san Rìoghachd Aonaichte bho chionn ghoirid.

Ceist 4

Bidh Buill Pàrlamaid (BP) a' riochdachadh luchd-taghaidh na sgìre-bhòtaidh aca ann an grunn dhòighean.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhòigh sam bi Buill Pàrlamaid a' riochdachadh luchd-taghaidh na sgìre-bhòtaidh aca ann am Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte. **4**

Ceist 5

Tha am Prìomhaire glè chumhachdach.

Mìnich **gu mionaideach dà** adhbhar carson a tha am Prìomhaire glè chumhachdach. **6**

Ceist 6

Tha mòran bhuannachdan agus eas-bhuannachdan aig siostam àireamh bhòtaichean as motha (FPTP).

Mìnich **gu mionaideach aon** bhuannachd **agus aon** eas-bhuannachd aig siostam àireamh bhòtaichean as motha (FPTP). **6**

[Theirig a-nis gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 05*]

[FOSGAIL A-MACH]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Ceist 7

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2, agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

Tha thu nad neach-comhairleachaidh neo-eisimeileach do Chomataidh Thaghte ann an Taigh nan Cumantan agus chaidh iarraidh ort moladh a thoirt seachad air am bu chòir, no nach bu chòir, Buill Pàrlamaid a thoirmeasg bho bhith a' dèanamh dàrna obair.

Roghainn 1	**Roghainn 2**
Toirmisg Buill Pàrlamaid bho bhith a' dèanamh dàrna obair	Na toirmisg Buill Pàrlamaid bho bhith a' dèanamh dàrna obair

STÒR 1


Faidhle fiosrachaidh air dàrna obraichean aig Buill Pàrlamaid

- Faodaidh dàrna obair a bhith aig Buill Pàrlamaid mura bheil iad nam ministear riaghaltais.
- Chan eil crìoch sam bith air an ùine a dh'fhaodas Buill Pàrlamaid a chur seachad air dàrna obair sam bith.
- An-dràsta, bidh Buill Pàrlamaid a' faighinn bun-thuarastal bliadhnail de £91,346. Tha an tuarastal cuibheasach san Rìoghachd Aonaichte nas lugha na an dàrna leth de seo.
- Feumaidh Buill Pàrlamaid cosnadh sam bith a gheibh iad taobh a-muigh Pàrlamaid a dhearbhadh, a bharrachd air tìodhlacan no tabhartasan sam bith no earrannan companaidh.
- Chan eil partaidh poilitigeach sam bith a' cur taic ri toirmeasg iomlan air a h-uile dàrna obair.
- Gu traidiseanta, leis gum b' urrainn dàrna obair a bhith aig Ball Pàrlamaid, bha sin a' dèanamh cinnteach gun robh Pàrlamaid air a lìonadh le proifeiseantaich eòlach, bho raon de ghnìomachasan is cùl-raointean eadar-mheasgte, agus mar sin bhathar a' toirt beairteas de dh'eòlas, ealantas is tuigse gu Taigh nan Cumantan.
- Thachair deasbad ann an Taigh nan Cumantan san Iuchar 2024 a thaobh am bu chòir na riaghailtean a theannachadh a thaobh dàrna obair a bhith aig Buill Pàrlamaid.
- Tha cunntasan-bheachd a rinneadh bho chionn ghoirid ag ràdh gu bheil am poball a' toirt taic do dhàrna obair a bhith aig Buill Pàrlamaid, ged a tha seo a' crochadh air dè an obair a th' ann.
- Am measg Bhall Pàrlamaid, tha feadhainn air milleanan notaichean fhaighinn tro dhàrna obair agus air fàs glè bheairteach ri linn sin.
- Ann an 2021, bha connspaid ann nuair a b' fheudar do Bhall Pàrlamaid a dhreuchd a leigeil dheth an dèidh dha còd-giùlain nam ball a bhriseadh le bhith a' coiteachadh roinnean riaghaltais gus buannachd a thoirt do chompanaidh phrìobhaideach aig an robh e ag obair.
- Bidh dàrna obair a' toirt tèarainteachd obrach do Bhuill Pàrlamaid ma tha iad a' call an t-suidheachain aca aig an ath thaghadh.


Ceist 7 (a' leantainn)

STÒR 2

Dè na dàrna obraichean a dh'aontaicheadh tu a dh'fhaodadh Buill Pàrlamaid a dhèanamh?



Suirbhidhean Nàiseanan na Rìoghachd Aonaichte — a bheil thu den bheachd gum bu chòir leigeil le Buill Pàrlamaid dàrna obair a bhith aca?



STÒR 3

Beachdan luchd-taghaidh

Cha bu chòir gu bheil e ceadaichte do Bhuill Pàrlamaid dàrna obair a bhith aca. Leis nach eil crìoch air an ùine a dh'fhaodas Buill Pàrlamaid a chur seachad air dàrna obair, is tric gum bi dàrna obair gan toirt air falbh bhon obair phàrlamaidich aca agus bho bhith a' riochdachadh an luchd-taghaidh gu h-èifeachdach. 'S e obair airgeadach a th' ann an dreuchd a' Bhuill Pàrlamaid, agus mar sin cha bu chòir gum feum iad cur ris an teachd-a-steach aca tro dhàrna obair. Air na h-adhbharan seo, tha a' mhòr-chuid den phoball anns gach nàisean san Rìoghachd Aonaichte a' toirt taic do thoirmeasg a thoirt a-steach airson dàrna obair. Bidh feadhainn am measg nam Ball Pàrlamaid ag obair mar chomhairlichean do ghothachasan a tha ag iarraidh taic riaghaltais fhaighinn — cha bu chòir dhaibh comhairle phoilitigeach a thoirt do chompanaidhean prìobhaideach no an dreuchd aca a chleachdadh gus buaidh fhaighinn airson ghnothachasan mòra agus mar sin a bhith a' briseadh nan inbhean a thathar a' sùileachadh bho riochdairean taghte. Tha a' mhòr-chuid de na partaidhean poilitigeach ag aontachadh ri toirmeasg iomlan air dàrna obraichean.

Kiera McAulay

A dh'aindeoin na cinn-naidheachd a nochd bho chionn ghoirid, chan eil e gu tur dona ma tha dàrna obair aig Buill Pàrlamaid. Tha am poball ag aithneachadh gum bi grunn dàrna obraichean a' toirt buannachd mhòr don chomann-shòisealta, leithid obair mar dhotair san NHS agus ag obair ann an cùl-taic an airm. Le bhith a' leigeil le Buill Pàrlamaid dàrna obair a dhèanamh, thathar a' toirt barrachd iomadachd dhaoine do Thaigh nan Cumantan agus 's e dòigh chudromach a th' ann sam faod Buill Pàrlamaid eòlas fhaighinn air beatha-obrach taobh a-muigh poilitigs, rud nach bi ach na bhuannachd don luchd-taghaidh aca. Tha e soilleir nach bi Buill Pàrlamaid a' cosnadh mòran airgid bhon dàrna obair aca. Feumaidh sinn cuideachd a bhith cothromach do Bhuill Pàrlamaid, oir mura bheilear a' leigeil leotha dàrna obair a dhèanamh, dh'fhaodte gum bi iad gun chosnadh mura cùm iad a' dol mar Bhall Pàrlamaid. 'S ann air na h-adhbharan seo uile gu bheil bliadhnaichean air dhol seachad bhon a dheasbaid Taigh nan Cumantan a' chùis a thaobh dàrna obraichean.

Zac Faichney

Feumaidh tu co-dhùnadh dè an roghainn a mholas tu: **an dara cuid** Buill Pàrlamaid a thoirmeasg bho bhith a' dèanamh dàrna obair **(Roghainn 1)** no gun a bhith a' toirmeasg Bhall Pàrlamaid bho bhith a' dèanamh dàrna obair **(Roghainn 2)**.

(i) A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, **dè an roghainn a thaghadh tu?**

(ii) Thoir seachad adhbharan mar **thaic** don roghainn agad.

(iii) **Mìnich** carson nach do thagh thu an roghainn eile.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran uile. **10**

[Theirig a-nis gu ROINN 2 air *duilleag 08*]

COMHARRAN

ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt C **AGUS** Ceist 14 **NO** Pàirt D **AGUS** Ceist 14

Pàirt C	Neo-ionannachd shòisealta	*duilleag 08*
Pàirt D	Eucoir agus an lagh	*duilleag 09*
Ceist 14		*duilleagan 10–11*

PÀIRT C — NEO-IONANNACHD SHÒISEALTA

Nad fhreagairtean airson Ceistean 8, 9 agus 10, bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich san Rìoghachd Aonaichte bho chionn ghoirid.

Ceist 8

Tha neo-ionannachd shòisealta is eaconamach na duilgheadas san Rìoghachd Aonaichte.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhòigh sa bheil neo-ionannachd shòisealta is eaconamach na duilgheadas san Rìoghachd Aonaichte. **4**

Ceist 9

Tha iomadh buaidh aig neo-ionannachd shòisealta is eaconamach air a' chomann-shòisealta nas fharsainge.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** bhuaidh aig neo-ionannachd shòisealta is eaconamach air a' chomann-shòisealta as fharsainge. **6**

Ceist 10

Tha an roinn phrìobhaideach air a bhith soirbheachail ann a bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachdan sòisealta is eaconamach.

Mìnich **gu mionaideach dà** adhbhar a tha an roinn phrìobhaideach air a bhith soirbheachail ann a bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachdan sòisealta is eaconamach. **6**

[Theirig a-nis gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 10*]

PÀIRT D — EUCOIR AGUS AN LAGH

Nad fhreagairtean airson Ceistean 11, 12 agus 13, bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich san Rìoghachd Aonaichte bho chionn ghoirid.

Ceist 11

Tha eucoir na duilgheadas san Rìoghachd Aonaichte.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhòigh sa bheil eucoir na duilgheadas san Rìoghachd Aonaichte. **4**

Ceist 12

Tha iomadh buaidh aig eucoir air a' chomann-shòisealta as fharsainge.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** bhuaidh aig eucoir air a' chomann-shòisealta as fharsainge. **6**

Ceist 13

Tha prìosan na pheanas èifeachdach.

Mìnich **gu mionaideach dà** adhbhar a tha prìosan na pheanas èifeachdach. **6**

[Theirig a-nis gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 10*]

Ceist 14

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

STÒR 1

Bun-phrìseadh aonadan airson alcol


Chaidh bun-phrìseadh aonadan airson alcol (MUP) a thoirt a-steach le Riaghaltas na h-Alba ann an 2018 mar fhreagairt don droch dhàimh le alcol a bha aig an dùthaich agus leis a' mhiann gum bithear a' dèanamh alcol nas cosgaile. Chaidh MUP a chur an gnìomh aig an reat 50sg gach aonad an dèidh sabaid laghail fhada eadar Riaghaltas na h-Alba agus gnìomhachas an deoch-làidir. Chaidh an reat seo am meud gu 65sg gach aonad san t-Sultain 2024. Mar thoradh air an àrdachadh ann am prìsean alcol ri linn MUP, tha feadhainn a tha so-leònte a thaobh airgead air a bhith fo bharrachd uallach ionmhasail agus iad a' cosg barrachd air alcol nas urrainn dhaibh ruigsinn air. Ri linn sin, dh'fhaoidte gum bi iadsan a tha an crochadh air alcol a' lùghdachadh an caiteachais eile aca, leithid air biadh agus air bun-ghoireasan.

A rèir rannsachaidhean a rinneadh o chionn ghoirid, bhon a chaidh MUP a thoirt a-steach, tha an uiread de dh'alcol a thathar a' reic ann an Alba air tuiteam. Chunnacas na lùghdachaidhean as motha am measg nan stuthan alcoil a bha an MUP a' targaideachadh gu sònraichte, leithid lionn-ubhal làidir agus deochan tarraingte (spioradan), bhon a chaidh poileasaidh a' bhun-phrìsidh a chur an gnìomh. Ach am measg dhaoine a tha ag òl aig ìrean a nì cron no dhaoine a tha an crochadh air alcol, chan eil fianais shoilleir ann gu bheil atharrachadh ann an caitheamh alcol.


Tha an àireamh de bhàsan ann an Alba a tha ceangailte ri alcol a' cumail oirre a bhith àrd. Air an làimh eile, a rèir rannsachadh thathar a' meas gu bheil MUP air 268 beatha a shàbhaladh gach bliadhna, thar cheann, agus air 899 daoine a ro-chasg bho dhol a dh'ospadal.

STÒR 2

Suirbhidh beachdan a' phobaill – a bheil thu a' ceannach nas lugha de dh'alcol ri linn bun-phrìseadh aonadan (MUP) airson alcol?



Àireamh de bhàsan ri linn alcol



Ceist 14 (a' leantainn)

STÒR 3

Can na th' agad ri ràdh air MUP

	**Simone** Tha MUP air ceudan de bheathannan a shàbhaladh a bhiodh, air a chaochladh, air tighinn gu crìoch mar bhàsan tràtha, a bharrachd air an uimhir a tha feumach air cùram ospadail a lùghdachadh, rud a tha air airgead a shàbhaladh don NHS.
	**Fergus** Tha mo charaid ag òl cus agus, ri linn MUP, tha e dìreach a' cosg barrachd gus an dearbh uiread òl agus tha sin ga ghoirteachadh san sporan.
	**Khabib** B' e Alba a' chiad dùthaich san t-saoghal a chuir an gniomh bun-phrìseadh aonadan airson alcol, agus bu chòir dhuinn a bhith moiteil à sin.
	**Dr Yang** Tha mi a' faicinn euslaintich gach seachdain a tha an crochadh air alcol agus chan eil piseach air tighinn air an t-suidheachadh acasan bhon a chaidh MUP a thoirt a-steach.
	**Joe** Cha bhi mi ag òl lionn-ubhal làidir tuilleadh, no spioradan, a chionn 's gu bheil iad dìreach ro dhaor.
	**An t-Ollamh Barbour** Tha an rannsachadh againn air dhearbhadh gu bheil MUP air an uiread de dh'alcol a thathar a' reic ann an Alba a lùghdachadh, agus chan eil teagamh ann gu bheil seo air buannachd a thoirt do shlàinte na dùthcha.
	**Fjolla** Chuala mi air na naidheachdan gu bheil bàsan ri linn alcol a' cumail orra a dhol am meud. Tha seo a' dearbhadh nach eil MUP ag obair.

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3 thoir adhbharan seachad airson **taic** a thoirt do bheachd Jess Porter agus airson **cur an-aghaidh** beachd Jess Porter.

Tha bun-phrìseadh aonadan airson alcol (MUP) air a bhith soirbheachail ann an Alba

Beachd Jess Porter

Nad fhreagairt, **feumaidh** tu:

- fianais a thoirt seachad bho na stòran a tha a' toirt taic do bheachd Jess Porter

AGUS

- fianais a thoirt seachad bho na stòran a tha a' cur an-aghaidh beachd Jess Porter.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran uile. **10**

[Theirig a-nis gu ROINN 3 air *duilleag 12*]

ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 28 COMHARRAN

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt E **AGUS** Ceist 21 **NO** Pàirt F **AGUS** Ceist 21

Pàirt E	Cumhachdan an t-saoghail	*duilleag 12*
Pàirt F	Cùisean an t-saoghail	*duilleag 13*
Ceist 21		*duilleagan 14–15*

PÀIRT E — CUMHACHDAN AN T-SAOGHAIL

Nad fhreagairtean airson Ceistean 15, 16 agus 17 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich bho chionn ghoirid ann an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh.

Ceist 15

Tha riaghaltasan a' feuchainn ri dèiligeadh ri cùisean sòisealta is eaconamach.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhòigh sam bi riaghaltasan a' feuchainn ri dèiligeadh ri cùisean sòisealta **agus/no** eaconamach.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **4**

Ceist 16

Tha grunn adhbharan ann airson neo-ionannachd shòisealta is eaconamach.

Thoir cunntas **mionaideach** air **aon** adhbhar airson chùisean sòisealta **agus aon** adhbhar airson chùisean eaconamach san dùthaich chumhachdaich a tha thu air a sgrùdadh.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **6**

Ceist 17

Tha fo-riochdachadh ann am poilitigs na chùis ann an iomadh dùthaich chumhachdach.

(a) Mìnich **gu mionaideach** carson a tha fo-riochdachadh na chùis san dùthaich chumhachdaich a tha thu air a sgrùdadh.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **8**

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt.

NO

Tha buaidh aig dùthchannan cumhachdach air dùthchannan eile.

(b) Mìnich **gu mionaideach** carson a tha buaidh aig dùthchannan cumhachdach air dùthchannan eile.

Nad fhreagairt bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **8**

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt.

[Theirig a-nis gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 14*]

PÀIRT F — CÙISEAN AN T-SAOGHAIL

Nad fhreagairtean airson Ceistean 18, 19 agus 20 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich bho chionn ghoirid mu chùis san t-saoghail a tha thu air a sgrùdadh.

Ceist 18

Tha buidhnean eadar-nàiseanta a' feuchainn ri dèiligeadh ri còmhstrithean is cùisean.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhòigh sa bheil buidheann eadar-nàiseanta air fheuchainn ri dèiligeadh ri còmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta a tha thu air a sgrùdadh.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut aithris dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh. **4**

Ceist 19

Tha iomadh buaidh aig còmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta orrasan air an toirear buaidh sa bhad.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** bhuaidh bhon chòmhstri no cùis eadar-nàiseanta orrasan air an toirear buaidh sa bhad.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut aithris dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh. **6**

Ceist 20

Tha iomadh adhbhar ann airson chòmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta.

(a) Mìnich **gu mionaideach** na h-adhbharan airson na còmhstri no cùis eadar-nàiseanta a tha thu air a sgrùdadh.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut aithris dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh. **8**

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt.

NO

Is tric gum bi oidhirpean armailteach gan dèanamh gus còmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta fhuasgladh.

(b) Mìnich **gu mionaideach** carson a thugadh oidhirpean armailteach gus fuasgladh fhaighinn air a' chòmhstri no a' chùis a tha thu air a sgrùdadh.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut aithris dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh. **8**

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt.

[Theirig a-nis gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 14*]

Ceist 21

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

STÒR 1

Riochdachadh bhoireannach ann am poilitigs Chanada

Ann an 1921, chaidh a' chiad bhoireannach a thaghadh do Thaigh nan Cumantan Chanada. An-diugh, tha àireamh gun samhladh de bhuill bhoireannach aige. San taghadh fheadarail ann an 2021, a-mach à 338 buill a chaidh a thaghadh, bha 103 dhiubh nam boireannaich. Nam measg, bha 22 a chaidh a thaghadh airson a' chiad turais. Bha seo còig suidheachanan a bharrachd air an àireimh gun samhladh a bh' ann roimhe, nuair a chaidh 98 boireannaich a thaghadh ann an 2019. A thaobh riochdachadh bhoireannach ann am Pàrlamaid, tha Canada a' rangachadh 66^{mh} san t-saoghal. 'S e an àireamh-sluaigh bhoireann ann an Canada 50.36%, an coimeas ri 49.64% a tha fireann.


Tha cuideam poilitigeach mòr ann gus an àireamh de riochdairean boireann a mheudachadh ann an Taigh nan Cumantan. Tha cuid de na partaidhean poilitigeach ann an Canada an geall air barrachd riochdachadh bhoireannach a ghabhail a-steach ann an riaghaltas le bhith a' toirt a-steach ceuman sònraichte gus compàirteachadh is riochdachadh a mheudachadh. Bha na ceuman seo a' gabhail a-steach geàrr-liostaichean bhoireannach a-mhàin, cuotathan gnè agus suidheachanan bhoireannach a-mhàin. Ach chan eil a h-uile duine a' toirt taic do na ceuman seo.

Tha cùisean co-cholltach air beulaibh reachdadaireachdan mòr-roinneil is ranntaireach Chanada gus co-ionannachd gnè a ruigsinn eadar fireannaich is boireannaich. Aig deireadh 2024, bha boireannaich a' riochdachadh 35.3% (273 a-mach à 772) de reachdadairean mòr-roinneil is ranntaireach air feadh Chanada air fad.

STÒR 2


Taigh nan Cumantan Chanada

Ceudad (%) de bhoireannaich ann an Taigh nan Cumantan



Suirbhidh beachd a' phobaill

Am bu chòir do phàrtaidhean poilitigeach ceuman sònraichte a ghabhail gus riochdachadh boireann a mheudachadh ann an Taigh nan Cumantan?



Ceist 21 (a' leantainn)

STÒR 3

Boireannaich ann am pàrlamaid — rangachaidhean taghte bho air feadh an t-saoghail (2023)

Dùthaich	Rangachadh san t-saoghail
Ciùba	2
Na h-Emirates Arabach Aonaichte (UAE)	5
Ecuador	21
Moldòbha	25
Albàinia	43
Estòinia	67
Malta	80

Buill bhoireann ann an reachdadaireachdan mòr-roinneil is ranntaireach taghte ann an Canada (2023)

Mòr-roinn/ranntair	Àireamh iomlan de bhuill	Àireamh de bhuill bhoireann	Ceudad (%) de bhuill bhoireann
Alberta	87	29	33.3
Columbia Breatannach	87	37	42.5
Newfoundland agus Labrador	40	9	22.5
Ranntairean an Iar-thuath	19	10	52.6
Nova Scotia	55	19	34.5
Ontario	124	47	39
Quebec	125	58	46.4

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3 dè na co-dhùnaidhean a dh'fhaodar a ruighinn mu riochdachadh boireann ann am poilitigs ann an Canada?

Bu chòir dhut co-dhùnadh a ruighinn mu gach aon de na leanas:

- adhartas a dh'ionnsaigh co-ionannachd gnè ann an Taigh nan Cumantan
- riochdachadh boireann ann am Pàrlamaid Chanada an coimeas ri dùthchannan eile
- beachdan air ceuman gus riochdachadh boireann ann an Taigh nan Cumantan a mheudachadh
- riochdachadh boireann ann an reachdadaireachdan mòr-roinneil is ranntaireach.

Feumaidh na co-dhùnaidhean agad a bhith le taic fianais bho na stòran. Bu chòir dhut fiosrachadh an taobh a-staigh agus eadar na stòran a cho-cheangal mar thaic do na co-dhùnaidhean agad.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran uile. **10**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO